

A' Chluais-chiùil ann an Dualchas nan Gàidheal

WILLIAM LAMB

Ann an aistidh a sgrìobh an Dr Iain Seathach, thug e sùil air fionn-sgeòil anns a bheil ceòl ga chleachdadh gus brath no rabhadh a thoirt seachad.¹ 'S e an sgeul as ainmichte dhen t-seòrsa seo am fear ceangailte ris a' phìobaireachd 'A Cholla mo Rùin' no 'The Piper's Warning to his Master'. A-rèir na sgeòil, bha an laoch ainmeil, Colla Ciotach, a' teannadh air Caisteal Dhùn Naomhaig sa bhirlinn aige. Gun fhiosta dha, bha a phìobaire fo ghlais aig a nàimhdean anns a' chaisteal.² Thug am pìobaire rabhadh do Cholla tro mheadhain na pìobaireachd mum b' urrainn a chaisg: 'A Cholla mo rùin, seachain an dùn, tha mis' an làimh, tha mis' an làimh'.³

Tha fionn-sgeòil mar seo bitheanta gu leòr ann an dualchas nan Gàidheal. Ged nach eil e doirbh a chreidsinn gun cleachdte òran gus brath falaichte a thoirt seachad,⁴ tha e nas duilghe a chreidsinn gum faodadh conaltradh fìghe a-staigh ann an ceòl ionnsramaideach – gun iomradh air an conaltradh a thuigsinn. Shamhlaich an Seathach na teachdaireachdan ciùil seo ri cànanan drumaireachd agus feadalaich, mar a gheibhear ann an Afraca, Gomera agus Ameireaga a Deas.⁵ Bidh cuid dhe na cànanan ud a' dèanamh atharrais air fonn, buille agus ruitheam cainnt nàdarra, mar an Spàinntis, gus brath a sgaoileadh aig astar. Ged nach robh an Seathach a' cumail a-mach gun robh na fionn-sgeòil Ghàidhlig gun teagamh fìor agus ag obair buileach mar sin, sgrìobh e:

Whether or not Gaelic is a language capable of meeting the criterion of full intelligibility through speech surrogates, as Gaelic legend claims, is still open to investigation. At the very least our comparisons suggest that [...] strong linguistic cues can be transmitted through the music.⁶

Bidh cuid a' cantail ge-tà gu robh an tàlant airson conaltradh a chur ri ceòl no a thogail bho cheòl – a' chluais-chiùil – ann gun teagamh bho shean. Seo na thuirt an t-Urr Tormod Dòmhnallach mu dheidhinn ann an clàradh a rinneadh aig Sgoil Eòlais na h-Alba:

'S e comas uabhasach iongantach a bh' anns a' chluais-chiùil [...] Anns an t-seann aimsir, bha cuid de dhaoin' ann aig an robh cluas-chiùil agus cha robh aca ach air ceòl

¹ John Shaw, 'Language, Music and Local Aesthetics: Views from Gaeldom and Beyond', *Scottish Language* 11/12 (1992/1993), 37–61.

² faic Ronald Black, 'Colla Ciotach', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* XLVIII (1973), 231–236.

³ Margaret Fay Shaw, *Folksongs and Folklore of South Uist*. 3rd ed. (Aberdeen: Aberdeen University Press, 1986 [1955]), 130.

⁴ Mar eisimpleir, ann am fionn-sgeul an òrain 'Aoidh na dèan cadal': faic Norman MacLeod, *Cuairtear Nan Gleann*, Leabhar 3 (Glasgow: J. & P. Campbell, 1842–1843), 79. <https://digital.nls.uk/rare-items-in-gaelic/archive/109923622>.

⁵ John Shaw, 'Language', 48–50; faic Theodore Stern, 'Drum and Whistle "Languages": An Analysis of Speech Surrogates', *American Anthropologist* 59/3 (1957): 487–506; agus Julien Meyer, 'Typology and Acoustic Strategies of Whistled Languages: Phonetic Comparison and Perceptual Cues of Whistled Vowels', *Journal of the International Phonetic Association* 38/1 (2008).

⁶ John Shaw, 'Language', 50.

*a chluinntinn air a' phìob – cha robh sìon aca ach dìreach a chluinntinn agus dhèanadh iad a-mach na briathran.*⁷

Ged a dhèilig sgoilearan ri cuid dhe na stòireannan anns a bheil a' chluas-ciùil a' nochdadh, fhad 's as fhiosrach leam cha do chruinnich iad còmhla iad. Cha mhotha gun do chuir iad a' chluas-chiùil fhèin fon phrosbaig gus a dhèanamh a-mach cò às a thàinig i no dè a th' ann. Anns an aistidh ghoirid seo, nì sinn tòiseachadh air na h-amasan seo agus meòraichidh sinn air na dh'fhaodas a' chluas-chiùil innse dhuinn mu eachdraidh ceòl nan Gàidheal. Bheir sinn sùil an toiseach air mar a tha i a' nochdadh ann am beul-aithris. Tha mi a' tabhainn na h-aiste seo dhan Dr Seathach le spèis agus buidheachas mòr. Is mi a tha na chomain airson an taic a thug e dhomh fad iomadh bliadhna, on a bha mi nam iar-cheumnach faoin chun an latha-an-diugh. Bho aon sgallach à Baltimore gu fear eile, ceud mìle taing, Iain.

Sgeulachdan mun Chluais-chiùil

O chionn beagan bhliadhnaichean, chuir An Dr Seathach far comhair air loidhne am beul-aithris farsaing a chruinnich Calum Iain MacGilleathain.⁸ Gheibhear eisimpleirean gu leòr dhen chluais-chiùil ann. Tha a' chiad stòiridh air an toir sinn beachd a' nochdadh sa chruinneachadh seo. 'S ann a chualas i aig fear Iain MacDhòmhnaill ('Iain Beag') às an Drochaid Àird, Bràigh Loch Abar. Tha i na bloigh dhen fhionn-sgeul fhalbhain ('migratory legend') 'Cù dubh Mhic a' Phì':⁹

Bha gille ann am bothan àirigh, agus e a' coimhead an dèidh sprèidh. Agus smaoinich e anmoch, nuair a bha e leis fhèin taobh an teine, nam biodh a leannan còmhla ris, gum biodh e gu sona dheth. [Bha cù ann, ach] le droch-thuiteamas, 's e a bh' aige ach a' ghalla. Agus tha iad ag ràdha gur h-ann a thèid a' ghalla a chuideachadh an droch-bhoireannaich, na an droch-ùraisg sam bith a thig an rathad. Is chunnaic e i a' cur greann oirre fhèin, a' ghalla, agus i a' dèanadh air [...] Agus thuirt e an uair seo gum b' fheàrr dha an tromb tòiseachdainn air a cluich.

*Agus dè a bha e a' dèanadh ach a' gabhail ùrnaigh agus salm air an tromb. [Agus chan fhaigheadh am boireannach] a-staigh na b' fhaide na an doras, nuair a bha e a' cluich nan salm agus na rudan seo air an tromb. Agus thuirt i, 'Is math am port a th' aig an tromb am brith am pong a tha na dèidh'. Cha do ghabh e air gun cuala e i. Nan robh e air aon uair stad a chluich na tromb chaidh i a-staigh agus dheoghaileadh i a h-uile boinne fala às.*¹⁰

Anns an stòiridh seo, tha e coltach gun robh draoidheachd air choireigin san truimb. Dh'fhaodadh sin tighinn bhon iarann air an do rinneadh i, is dòcha, air neo an dlùth-cheangail aig an truimb ri

⁷ An t-Urr. Tormod MacDhòmhnaill, 'Tha biodag aig MacThòmais', Tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba, SA1956.54.B1; TAD: Àireamh a' chlàir 70431 (1956).

⁸ <https://www.calum-maclean-project.celtscot.ed.ac.uk/dachaigh/>.

⁹ Chaidh cruth GOC a chur os ìseal air litreachadh nan sgeulachdan.

¹⁰ Iain MacDhòmhnaill, 'Shin iad 'ugat, bidh iad agat', Làmh-sgrìobhainnean Chalum MhicGilleathain, Sgoil Eòlais na h-Alba, SSS NB 11: 1007 (1953).

sèamanachas o chian ann an Eòraisia.¹¹ Ach 's e an rud as annasaiche mun stòiridh gun robh an gille a' gabhail ùrnaigh agus salm oirre. Tha an ìomhaigh seo car neònach an-diugh, gu seachd àraid on a tha ceòl na truimb sgagach is eu-choltach ri seinn shiùbhlach nan salm. Na dhèidh sin, tha fuaim na truimb glè choltach ri labhairt. Gu dearbh, tha Nikolsky a' cumail a-mach gun e an tromb a' chiad vocoder¹² a bh' ann.¹³ Leis mar a tha an tromb a' gleidheadh cuid a dh'fheartan labhairte, theagamh gun gabhadh ùrnaigh tuigsinn is cuideigin ga gabhail air an truimb. Ged a dh'obraicheadh an stòiridh seo as aonaid na cluais-chiùil, tha e fhathast a' taisbeanadh an dlùth-chàirdeis eadar seinn, labhairt agus ceòl ann an dualchas nan Gàidheal. Tha e cuideachd a-mach air a' cho-cheangail eadar ceòl agus feartan os-nàdarra ann am beul-aithris.

Dh'ainmich sinn am fionn-sgeul 'A Cholla mo rùn' cheana. Tha bloigh de stòiridh eile coltach ris aig Iain Beag a bhios a' mìneachadh tùs a' phuirt ainmeil, 'Duntroon's Salute'.¹⁴ A-rèir na h-aithris, bha an ceann-feadhna, Alasdair Mac Cholla Chiotaich (c. 1610–1647), a' feuchainn ri sgrios is murt a dhèanamh air Dùn Treòir mar dioghaltas do phìobaire athar.¹⁵ Dh'iarr Alasdair air a phìobaire 'Caismeachd MhicDhòmhnail' a chluich, ach an àite sin, chluich am pìobaire faclan rabhaidh do Chaimbeul Dhùn Treòir:

Mar a bha an duine agus an ruaig air, bha e gu h-àrd ann an Dùn Treòir. Theirinn gur h-e sin an t-àite san robh e. Agus bha fios aige ri thoirt nam faiceadh e na nàimhdean a' tighinn. Agus cha robh dòigh aige air ach a chluich air a' phìob. Agus thuirt e:

*Shin iad ugad, bidh iad agad,
Shin iad ugad, bidh iad agad,
Shin iad ugad, bidh iad agad,
Thoir do chasan as, 'ille òig.*

*Thuig Dùn Treòir am port is theich e. Agus cha d' fhuair na nàimhdean greim air.*¹⁶

B' annasach na faclan a chleachd Iain Beag airson na thachair: dh'aithris e gun *tuirt e* rudeigin air a' phìob, agus gun do *thuig Dùn Treòir am port*. Tha sin ri ràdh gun do dh'fhighe am pìobaire faclan am measg na pìobaireachd a ghabh e agus gun do rinn Dùn Treòir a-mach iad. Seo sàr-eisimpleir dhen chluais-chiùil ann am beul-aithris.¹⁷ A-rèir na thuirt an t-Urr Dòmhnallach sa mhìneachadh aige na b' àirde, feumaidh gu robh an comas maraon aig a' phìobaire agus aig a' Chaimbeulach.

¹¹ Aleksey Nikolsky. "Talking Jew's Harp" and Its Relation to Vowel Harmony as a Paradigm of Formative Influence of Music on Language,' ann an *The Origins of Language Revisited: Differentiation from Music and the Emergence of Neurodiversity and Autism*, deas. Nobuo Masataka (Singapore: Springer Singapore, 2020), 230.

¹² Inneal a bheir seachad cainnt neach-labhairt fhad 's a tha an t-inneal a' cleith cò th' ann.

¹³ Nikolsky, "Talking Jew's Harp", 227.

¹⁴ Iain MacDhòmhnail, 'Shin iad 'ugad, bidh iad agat'.

¹⁵ Black, 'Colla Ciotach', 223–234.

¹⁶ Iain MacDhòmhnail, 'Shin iad 'ugad, bidh iad agat'.

¹⁷ Ged a tha mìneachaidhean eile dhe na thachair rin lorg a tha fada nas dualtaiche: faic Black, 'Colla Ciotach', 234–235.

Tha fhios gum bi na h-uimhir de luchd-leughaidh eòlach air fionn-sgeul an òrain ‘Uamh an òir’.
Chruinnich an Leathanach e bho Chalum MacGilleathain eile a bhuineadh do Ratharsair:

*'S ann an ceann shìos (an ceann a tuath) an Eilein Sgitheanaich a tha Uamha an Òir.
Bha iad a' dèanamh dheth nach robh ceann idir oirre is dh'fhalbh dusan dhaoine [sic.]
is pìobaire is chaidh iad an uiread-s' a mhiltean a-staigh is bha iad gan leanail gu h-
àrd air an talamh, agus bha a' phìob a' dol an dràsta is a-rithist gus am biodh fios aig
an fheadhainn eile dè [n] rathad a bha iad a' gabhail agus cha do thill duine riamh
aca. Lean iad a' phìobaireachd fad iomadh mìle agus, mu dheireadh, sguir i, agus bha
iad a' dèanamh dheth gur e tuiteam ann a[n] loch a rinn iad, no gur h-ann le creig a
chaidh iad. Bha iad ag ràdha gur h-e seo am port a bha aige – am pìobaire:*

*Cha ruig mise is cha tig mise,
Is cha till mise à Uamh an Òir.
Na mic-uchda na fhir-fheachda [sic.],
Mus ruig mise is mus tig mise,
Is mus till mise à Uamh an Òir.*

*Na minn bheaga nan gobhair chreagach,
Mus ruig mise is mus tig mise,
Is mus till mise à Uamh an Òir.*

*Is na laoigh bheaga nan crodh [alla]:
Mus ruig mise is mus tig mise,
Is mus till mise à Uamh an Òir.*

*Cha ruig mise is cha tig mise,
Is cha till mise à Uamh an Òir.¹⁸*

Chan eil an sgeulaiche ag innse dhuinn ciamar a bha an fheadhainn shuas a' tuigsinn brìgh na pìobaireachd. An e port no òran a b' aithne dhaibh cheana a bh' ann, air neo an do rinn am pìobaire am port air ball gus leigeil fhaicinn dhaibh nach tigeadh e às beò? Mas e an dara roghainn a th' ann, feumaidh gu robh a' chluas-chiùil aig a' phìobaire agus co-dhiù aig aonan dhen bhuidhinn a bha ga leantainn os a chionn. Ge brith dè bha a' tachairt an seo, tha sinn a-rithist a' coinneachadh ri faclan a' dol an lùib ciùil ionnsramaidich – far nach biodh dùil riutha san latha-an-diugh.

Thog mi am mìneachadh airson na cluaise-ciùil aig toisich na h-aiste seo à aithris na b' fhaide a rinn an t-Urr Tormad MacDhòmhnaill air tùs a' phuirte ‘Biodag aig MacThòmais’. Tha an naidheachd caran fada, ach seo na bloighean as cudromaiche dhe:

*'S e gill' òg a bh' ann an MacThòmais a bha caran mòr às fhèin [...] Bha e
anabarrach deidheil air a bhith ann an comann àrd-uaislean agus -mhaithean na*

¹⁸ Calum MacGilleathain, ‘Uamha an Òir’. Làmh-sgrìobhainnean Chalum MhicGilleathain, Cnuasach Bhéaloideas Éireann, IFC MS 1026: 221–222 (1946).

dùthchadh agus a bhith ga èideadh fhèin ann an trusgan mar a bha air na cinn-feadhna agus air na h-uaislean a bh' ann a shin [...] Bha riaghailt ann nach fhaodadh duine sam bith dhen an tuath choitcheann a' bhiodag a chaitheamh air a chruachan ach a-mhàin an sgian dubh anns an stocainn [...] Ach MacThòmais a bh' ann an seo, 's ann a bha e a' caitheamh na biodaig air a chruachan agus cha do chuir e suim anns an riaghailt.

Agus bha oidhche shònraichte ann co-dhiù a bha bàl mòr air a chumail anns a' Mhanachainn agus chaidh MacThòmais ann mar a bhiodh e dol a dh'ionnsaidh a h-uile bàl agus oidhche-chiùil far a robh na h-uaislean uile cruinn. 'S bha e air èideadh a h-uile buille cho math agus cho rìomhach agus cho sgiobalta ri duine de mhaithean na tìr [agus] bha biodag aig' air a chruachan [...] Chaidh e timcheall ann an sin a-measg nam bàn-tighearnan òga agus chunnaic e aon tè gu sònraichte a tharraing aire gu mòr agus anns an robh a shùil. Cò bh' ann an seo ach leannan a bh' aig mac ceann-feadhna – oighre nan Siosalach. Agus mar a thòisich an ceòl, chaidh e null gu modhail far a robh a' bhàn-tighearna 's rinn e bèic dhi agus dh'fhoighneachd e dhi am biodh i cho math agus gun rachadh i cuide ris a dhanntsa. Thuirt an nighean gun rachadh.

Agus nuair a chunnaic a leannan seo, an Siosalach, bha e air a thàmailteachadh is dh'èirich àrdan [...] Cha bu toil leis idir MacThòmais a bhith a' dèanamh a shùilean ris an leannan aige fhèin. Agus dh'fhalbh e co-dhiù 's fhuair e a phìob-ciùil – b' e sin fear dhe na pìobairean [...] Agus chaidh e mach às an t-seòmar far a robh an danntsa agus a bhith. Chaidh e a-staigh gu ruige tranntsa cùil [...] far am biodh am pìobaire a' dol suas is sìos a' cluich na pìob-mhòir. Agus thòisich an danntsa mar a thòisich an ceòl. Agus bha am fios aige glè mhath gu robh a leannan fhèin aig MacThòmais. 'S ann a thòisich e air cluich a' phuirt [...]

Co-dhiù bha a' chluas-chiùil a bh' ann an seo aig MacThòmais – rud a bha mì-fhortanach dha fhèin agus dhan an fhear a bha a' cluich, mar a thuit a-mach an oidhch' ud. Nuair a bha an Siosalach a' cumail roimhe a' cluich na pìobadh, 's ann a rinn e an ceathramh a bh' ann an seo:

*Tha biodag anns a' chliobadaich
aig mac a' bhodaich leibidich;
ged dh'fhalbhadh e mar thigeadh dha
gur math gum fòghnadh sgian dha.*

Agus bha na h-uiread de cheathramhnan eile aige a bha a cheart cho sgaiteach, mur a robh iad na bu sgaiteiche. Ach nuair a chuala am fear eile an ceathramh a bh' ann an seo, dh'èirich fhuil agus àrdan 's a thàmailt [...] Chaidh e mach air an doras. Rinn e air an tranntsa agus bha an Siosalach a' meàrrsadh sìos roimhe 's e a' cluich na pìoba agus a chùil ris. Rinn e dìreach air an t-Siosalach agus thog e a' bhiodag far a chruachain agus chuir e ann an cridhe an t-Siosalaich i. Is thuit an Siosalach bochd marbh.¹⁹

¹⁹ Tormod MacDhòmhnaill, 'Tha biodag'.

Anns an stòiridh seo, rinn an Siosalach an ceathramh *extempore* – fhad ’s a bha e a’ seinn na pioba. Ged as e pìos ciùil a th’ ann, tha faclan a-rithist na lùib. Ann an saoghal na sgeulachd, tha e coltach gu robh a’ chluas-chiùil aig an t-Siosalach agus MacThòmais le chèile. Ge brith ciamar a bhiodh sin ag obair, tha an naidheachd seo a’ toirt far comhair a’ chàirdeis eadar briathran agus ceòl uair eile.

Tha an stòiridh mu dheireadh air an toir sinn sùil cuideachd a-measg làmh-sgrìobhaidhean Chaluum MhicGilleathain. ’S e Peigi NicGhilleathain à Ratharsaigh a dh’innis:

Bho chionn àireamh a bhliadhnachan, bha ceannaiche siubhail a’ dol mu chuairt a’s na h-eileanan a bha seo ris an canadh iad Seumas Odhar. Ach aon uair fhuair iad marbh e fo chreig. Is cha robh fhios cò mharbh e. Is bha a h-uile duine dhen a’ luchd-lagha is a h-uile duine a’ feuchainn am faiceadh iad cò mharbh e, ach [c]ha robh guth cò mharbh e is cha d’ fhuair iad a-mach. Ach aon oidhche greis an deaghaidh sin, bha tòrr de ghillean òga air chèilidh, mar a bhios iad a’ dol air chèilidh oidhcheannan geamhraidh. Bha fear dhiubh a’ cluich tromb, agus ’s e ’m port a bha e cuir air an tromb:

*Seumas Odhar luideagach,
’s ann tha an t-òr a Rig [sic.] aige,
Seumas Odhar luideagach,
gun chuir sinn ann na biodagan.*

*Chuir mi a’ bhiodag a’s a’ bhodach,
is leig am bodach ràn as;
Chuir mi rithist leis a’ chreig e,
is thug mi dheth a’ mhàileid.*

Thubhairt cailleach is i na suidhe ri taobh an teine, ‘Dòch’ gun d’ rinn thu sin, a bhròinein’. Dh’ èirich iad a-mach, iad fhèin is an gille a bha siud, agus sin an fheadhainn a mharbh Seumas Odhar.²⁰

Tha e soilleir an seo gu robh a’ chluas-chiùil aig a’ chaillich. Co-dhiù a robh fios aig a’ ghille air a seo gus nach robh, tha e annasach gun do sheinn e port a dhearbhadh gum b’ e esan a rinn am murt. Ma bhios sinn leagte ris gu robh a’ chluas-chiùil aige, is dòcha nach robh dùil aige gum biodh i aig neach sam bith eile. Mur a robh i aigesan, is dòcha gun e aideachadh neo-fhiosrach a bh’ ann mar gum biodh – gun fhiosta dha. Tha sin a’ togail na ceiste: ciamar a bhios an draoidheachd seo ag obair? An fheumte na faclan a chur ann a dh’aon rùn air neo – ann an inntinn nan linntean ’s a chaidh – a robh faclan bu dual do cheòl co-dhiù? Nuair a bhreithnichear air fianais eile ann an briathrachas agus dualchas nan Gàidheal, faodar argamaid a dhèanamh air a shon sin agus na aghaidh.


²⁰ Peigi NicGhilleathain, ‘Séamas Obhar’, Làmh-sgrìobhainnean Chaluum MhicGilleathain, Cnuasach Bhéaloideas Éireann, IFC MS 1027: 174–175; CC: ei1027-12-07 (1946).

An Buintealas Eadar Ceòl, Seinn agus Labhairt ann an Briathrachas agus Eachdraidh

Mar a sgrìobh Ailean Bruford, chan eil facal tùsach san t-Seann Ghàidhlig airson ‘sing’:

It’s curious that there is in fact no word meaning ‘sing’ in Gaelic. Perhaps song comes as natural as speech to Gaels, for the word corresponding to Latin *cano*²¹ means ‘say’ more often than ‘sing’ in the modern dialects, but the most usual Irish expression²² for ‘sing a song’ means ‘say a song’.²³

A-rèir eDIL, bha *seinn* o chionn fhada a’ ciallachadh ‘bualadh’ no a bhith a’ cluich ionnsramaid ciùil.²⁴ A-rèiste, bha na bun-bheachdan *seinn*, *labhairt* agus *cluich ionnsramaid* a’ suathadh ri chèile gu math tràth ann an eachdraidh a’ chànain. Ann an Gàidhlig an latha-an-diugh, ’s iad na gnìomhairean *gabhail*, *seinn* agus *cluich* as cumanta airson a bhith a’ taisbeanadh òran no pìos ciùil, ach tha na h-ainmearan a thig nan dèidh car sgarichte o chèile.



Figear 1: Ainmearan co-cheangailte ris an ainmear-ghnìomhair ‘gabhail’

Le AntConc,²⁵ shiubhail mi corpas anns a bheil 4.3M facal de bheul-aithris airson nan gnìomhairean seo agus nan ainmearan co-cheangailte riutha.²⁶ Chithear ann am Figear 1 gu bheil na h-ainmearan *duan*, *laoidh*, *port*, *òran*, *sgeulachd* agus *ùrnaigh* co-cheangailte ris an ainmear-ghnìomhair *gabhail* (m.e. ‘theann

²¹ Laideann *cano* ‘seinn [òran]’, cf. Cuimris *cana* ‘seinn [òran]’, Gàidhlig *can* ‘abair’. Faic Alexander MacBain *An Etymological Dictionary of the Gaelic Language* (Stirling: Eneas MacKay, 1911), 68.

²² i.e. *abair amhran* ‘gabh òran’; *amhrán a chanadh* ‘òran a ghabhail’

²³ Alan Bruford and Virginia Blankenhorn, ‘Gaelic Songs’, *Folk Review* 8 (March 1979): 11.


²⁴ Electronic Dictionary of the Irish Language (eDIL) s.v. 1 *seinnid*: faic dil.ie/36944.

²⁵ Laurence Anthony. AntConc, Version 4.2.4 (Tokyo, Japan: Waseda University).

²⁶ Air a dhèanamh air tar-sgrìobhaidhean bho Chruinneachadh Chalum MhicGilleathain agus feadhainn a tha taisgte aig Sgoil Eòlais na h-Alba: faic Mark Sinclair, William Lamb agus Beatrice Alex, ‘Handwriting Recognition for Scottish Gaelic’, ann am *Proceedings of the 4th Celtic Language Technology Workshop within LREC2022*, Theodorus Franssen, William Lamb and Delyth Prys, eds, 60–70 (Marseille: European Languages Resources Association, 2022). <https://aclanthology.org/2022.cltw-1.9/>.

i air gabhail an òrain’). Faodaidh sinn na h-ainmearan a roinn ann an dà sheòrsa: gnìomhan labhairte (**liath**: *sgeul(achd)*²⁷ agus *ùrnaigh*) agus pìos òrain no ciùil (**orains**: *duan, laoidh, òran* agus *port*²⁸).

Tha am facal *seinn* an-diugh buailteach a bhith a’ ciallachadh ‘sing’ no ‘singing’. Bha e na b’ fhosgailte na sin ge-tà am beul-aithris meadhan an fhicheadamh linn, mar a chithear ann am *Figear 2*. Coltach ri *gabhail*, tha *seinn* co-cheangailte ri pìosan òrain is ciùil (**orains**: *òran, port* agus *tàladh*²⁹), ach tha am facal cuideachd ga chleachdadh airson ionnsramaidean-ciùil, mar a bha o shean (**uaine**: *clàrsach, fìdheall, pìob* agus *tromb*). Ach ao-choltach ri *gabhail*, chan eil gnìomhan labhairte mar *sgeulachd* is *ùrnaigh* nochdte ro thrì na lùib.³⁰ Bidh *seinn* cha mhòr an còmhnaidh a’ ciallachadh rudeigin le fonn.



Figear 2: Ainmearan co-cheangailte ris an ainmear-ghnìomhair ‘seinn’

An taca ri *gabhail* agus *seinn*, tha *chuich* (faic *Figear 3*) nas cuingichte ri ceòl ionnsramaideach.³¹ Mar sin, faodaidh sinn seòrsa de leantaileachd (‘continuum’) a lorg eadar na trì faclan (faic. *Figear 4*).


²⁷ Cho math ri na co-fhaclan *naidheachd* agus *stòiridh*.

²⁸ Tha brìgh ‘port’ car doilleir an seo; dh’fhaodadh e a bhith a’ ciallachadh ‘port-à-beul’ no ‘pìos ciùil (dannsaidh)’.

²⁹ Gheibhear i cuideachd le *dàn, laoidh* agus *pìobaireachd* anns a’ chorpas.

³⁰ Ach tha Dwelly a’ toirt seachad eisimpleir de *seinn* is e a’ ciallachadh ‘report’: *air a sheinn feadh na dùthcha* ‘reported through the country’.

³¹ Tha *chuich* cuideachd ga chleachdadh le gèamannan, m.e. *cairtean, camain, disnean, iomain* agus *tàileasg*.



Figear 3: Ainmearan co-cheangailte ris an ainmear-ghnìomhair ‘cluich’



Figear 4: Leantaileachd eadar labhairt agus ceòl ionnsramaideach ann am brìgh nam faclan ‘gabhail’, ‘seinn’ agus ‘cluich’

A-rèir nan co-cheanglaichean seo, chan eil e iongantach gum biodh fionn-sgeul mar a’ chluais-chiùil a’ nochdadh ann an dualchas nan Gàidhlig. Tha an raon seamantaigeach eadar labhairt, seinn agus ceòl sgleòthail sa chànan. Ach tha rudeigin annasach ga fhoillseachadh anns na figearan shuas; ’s e *port* an aon fhacal a nochdas anns na trì dhiubh. An-diugh, tha *port* a’ ciallachadh ‘tune’ (Dwelly) – an dà chuid seinnte no cluichte – gu h-àraid airson dannsa. Ach o chionn beagan linntean, cha robh innealan-ciùil idir bitheanta air a’ Ghàidhealtachd. Tuigear seo bho bhith a’ measadh fianais sgrìobhte ann an làmh-sgrìobhainnean is leabhraichean ciùil tràth.³² A bharrachd, bha innealan ciùil mar a’ phìob agus a’ chlàrsaich tuilleadh is daor airson na mòr-chuid: rinn Keith Sanger tuairmse gun cosgadh a’ phìob-mhòr a chuid dhen t-saoghal do dh’fhear-tuatha àbhaisteach ann am meadhan an 18mh linn.³³ Fiù ’s aig toiseach an fhicheadamh linn, bha ionnsramaidean gann anns na h-Eileanan

³² William Lamb, ‘Grafting Culture: On the Development and Diffusion of the Strathspey in Scottish Music’, *Scottish Studies* 37 (2014): 94–104.

³³ Keith Sanger, *Post-dealain pearsanta* (6 An Damhair 2013); cf. Adrian Scahill, ‘Irish Traditional Music and the Seventeenth-Century’, ann an *Music, Ireland and the Seventeenth Century*, deas. Barra Boydell agus Kerry Houston. (Dublin: Four Courts Press, 2009), 40–61; agus Ríonach Uí Ógáin, ‘Traditional Music and Irish Cultural History’, ann an *Irish Musical Studies Vol. 3: Music and Irish Cultural History*, deas. Gerard Gillen agus Harry White (Blackrock: Irish Academic Press Ltd, 1995), 77–100.

an Iar. Nuair a chuir Mòrag NicLeòid à Sgoil Eòlais na h-Alba a’ cheist air Màiri Mhàrtainn às na Hearadh, dè ’n seòrsa ceòl a bha agaibh is tu òg, thuirt i: ‘Cò ’n ceòl? Cha robh ceòl ann an uair ud ach dìreach am port-à-beul’.³⁴

Thuirt Bruford gu robh òrain cho nàdarra dha na Gàidheil ri labhairt.³⁵ Ged a bha ceòl ionnsramaideach ann gun teagamh o shean, faodaidh sinn a bhith cinnteach gu robh òrain fada na bu chumanta. Tha a choltas ann gu robhar a’ seinn bho dhùsgadh gu tràth-cadail. Chuireadh iad òran ri gnìomh sam bith anns an robh buille chunbhalach, eadar bleoghann, dannsa,³⁶ iomradh, luadhachd, measradh, obair na bràthan, snìomh, spealadh agus tàladh.³⁷ Mar a thuirt Iain Latharna Caimbeul:

The singing of songs in the oral tradition [was] part of everyday life and work in the Gaelic-speaking Outer Hebrides. Songs permeate[d] people’s lives in a way that is hard for a world that only knows songs as set pieces to be sung on special occasions to understand or appreciate.³⁸

Gus tilleadh chun a’ phrìomh-chuspair againn: nam biodh òganach an Uibhist san 17mh linn, can, a bha air a chuirteachadh le òrain bhon chreathall a’ cluinntinn ceòl na pìobadh airson a’ chiad turais, ciamar a bhiodh e ga mheas? A bheil seans ann gum biodh beàrn ga faireachdainn – tha sin ri ràdh, faclan a dhìth? Mas fìor sin, chan eil ach rathad goirid eadar an fhaireachdainn sin agus a bhith a’ creidsinn gu bheil faclan an còmhnaidh a’ tighinn cuide ri ceòl, an dara cuid gu follaiseach no gu dìomhaire.³⁹ Ceangailte ri seo, faodaidh sinn cuimhneachadh mun tròp chumanta ann am beul-aithris na Gàidhlig mu eòin aig a bheil comas labhairt.⁴⁰ Is dòcha gu bheil e cuideachd freagarrach a bhith a’ smaointinn an seo air mar a bha e doirbh do chuid a Ghàidheil co-dhiù sgaradh a dhèanamh eadar fonn agus faclan òrain, mar a thuirt Margaret Fay Shaw: “I once mentioned that I thought a neighbour had the air of a song, and the reply was, ‘How could she have the air and not the words?’”⁴¹

³⁴ Mary Martin, ‘Weaving and Waulking in Harris’, *Tocher* 50 (1995): 24.

³⁵ Alan Bruford and Virginia Blankenhorn, ‘Gaelic Songs’, 11.

³⁶ Tha tiotalan phort-à-beul a’ nochdadh ann an Làmh-sgrìobhainn a’ Chaisteil Dhruimeanaich agus tha aisneisean ann gu bheil an gnè òrain seo beagan deicheadan nas sine na sin co-dhiù. Faic William Lamb, *Dhannsadh Gun Dannsadh: Dance-Songs of the Scottish Gaels* (leabhran CD), Scottish Tradition Series, Greentrax CDTRAX 9028 (2019); agus David Young, ‘A Collection of Country Dances written for use of His Grace the Duke of Perth’ (The Drummond Castle Manuscript, 1734).

³⁷ Faic Virginia Blankenhorn, ‘A New Approach to the Classification of Gaelic Song’, *Oral Tradition* 32/1 (2018).

³⁸ John Lorne Campbell and Francis Collinson, *Hebridean Folksongs 3, Waulking Songs from Vatersay, Barra, Eriskay, South Uist and Benbecula* (Oxford: Clarendon Press, 1981), 6.

³⁹ Is dòcha gu robh cuid a Ghàidheil cho cleachdte ri òrain ’s gun nochdadh faclan nan inntinn bho àm gu àm gun iarraidh is iad ag èisteachd ri ceòl ionnsramaideach – fiù ’s mar seòrsa dhen mhealladh-cluaise air an do dhèilig Sacks: faic Oliver Sacks, *Musicophilia: Tales of Music and the Brain* (Vintage, 2008).

⁴⁰ Stuart A. Harris-Logan, ‘Nuair a Bha Gàidhlig Aig Na h-Eòin: An Investigation into the Art and Artifice of Avifaunal Mimesis as a Mode of Artistic Expression in Gaelic Oral Culture from the Seventeenth Century to the Present’ (tràchdas MPhil, Oilthigh Ghlaschu, 2007), 74–104.

⁴¹ M. F. Shaw, ‘Folksongs’, 76; cf. A. Martin Freeman, ‘An Irish Concert’, *Journal of the Folksong Society* 6/23 (1920): xxv.

Cò-dhùnadh

Dè nì sinn dhen chluais-chiùil? Tha e follaiseach gun robh ceangail teann eadar seinn agus ceòl ann an dualchas nan Gàidheal,⁴² agus gum faodadh tu rudeigin labhairte a ‘ghabhail’ cho math ri ceòl. Is dòcha nach robh anns a’ chluais-chiùil ach fìor dheagh chomas air faclan a chuimhneachadh nuair a nochdadh, air ionnsramaid, fonn-òrain a bha stèidhichte mar-thà. Air an làimh eile, dh’fhaoidte gu robh ceangail no mapa air choireigin eadar faclan agus ceòl ionnsramaideach a chaidh an diochuimhne. Tha pongan pioba gan riochdachadh ann an canntaireachd a-rèir àirde nam fuaimreagan. Mar eisimpleir, tha am pong ciùil *b* ga mhapadh chun na fuaimreige ‘o’ agus *a*-àrd gu ‘i’ (faic *Figear 5*). Tha e coltach gu bheil siostaman cuimhne-chiùil eile air feadh an t-saoghail ag obair san aon dòigh.⁴³ Mar sin, cò aig tha fios nach robh lèirsinn ciùil-chainnt air choireigin aig na Gàidheil o chionn fhada a bha ceangailte ri òrdugh nam fuaimreagan – lèirsinn a tha doilleir dhuinn an-diugh.⁴⁴ Dh’fhaodadh barrachd rannsachaidh a’ choltachd seo a mheasadh, can air cò-òrdanachadh fuaimreagan a-rèir nam pongan-ciùil ann am puirt-à-beul no òrain-luaidh⁴⁵. Ach, cha leig sinn a leas a dhol a shiubhail fhuasglaidhean coimheach mar seo: tha labhairt, òrain agus ceòl fuaighte gu teann co-dhiù ann an dualchas agus cànan nan Gàidheal.



Figear 5: Mapachadh eadar fuaimreagan agus pongan ciùil ann an canntaireachd⁴⁶

Buidheachas

Thàinig cuid dhen dàta a chleachd an t-ùghdar an seo an cois rannsachadh maoinichte: the Arts and Humanities Research Council (‘Decoding Hidden Heritages’: Grant no. AH/W001934/1), the Irish Research Council (‘Decoding Hidden Heritages’: Grant no. IRC/W001934/1).

⁴² Allan MacDonald, ‘The Relationship between Pibroch and Gaelic Song: Its Implications on the Performance Style of the Pibroch Ùrlar’ (tràchdas MLitt, Oilthigh Dhùn Èideann, 1995).

⁴³ David W Hughes, ‘No Nonsense: The Logic and Power of Acoustic-Iconic Mnemonic Systems’, *British Journal of Ethnomusicology* (2000).

⁴⁴ Cf. John Shaw, ‘Language’, 50; Harris-Logan, ‘Nuair a bha Gàidhlig aig na h-eòin’, 23–41.

⁴⁵ Cf. Campbell and Collinson, ‘The Meaningless Refrain Syllables’, 230–31.

⁴⁶ J. P. Grant, ‘Canntaireachd: The Old Pipers’ Notation for Pibroch Music’, *Music & Letters* 6/1 (1925): 57.

English Summary

In generations past, Gaels had difficulty separating melody from words: ‘I once mentioned that I thought a neighbour had the air of a song, and the reply was, “How could she have the air and not the words?”’ (Shaw 1955: 76; cf Freeman 1920-1: xxv). Music and song are also frequently conflated in Gaelic traditional narrative. For instance, when threatened by an evil spirit, a man in one tale sings a prayer and psalm through the Jew’s harp: ‘*dè bha e a’ dèanamh ach a’ gabhail ùrnaigh agus salm air an tromb*’ (MacDhòmhnaill 1951). A wide range of evidence points to a pervasive cultural tendency to mix instrumental music and song.

This tendency is most apparent in tales of the *chuas-chiùil* (‘musical-ear’), the ability to transmit and receive messages through instrumental music. Many of these narratives serve as aetiologies for well-known pipe tunes and dance songs (e.g. ‘Duntroon’s Salute’ and ‘Thompson’s Dirk’). While the *chuas-chiùil* may be regarded as yet another supernatural trope, these tales – coupled with linguistic evidence – point towards an earlier cognitive configuration that entails a very close relationship between words and music.

TÙSAN**Bathar-Bog**

Anthony, Laurence. AntConc (Version 4.2.4). Tokyo, Japan: Waseda University, 2023. Ri fhaighinn bho: <https://laurenceanthony.net/software/antconc/>.

Giorrachaidhean

- CC Cruinneachadh Chalum MhicGilleathain
<https://www.calum-maclean-project.celtscot.ed.ac.uk/dachaigh/>.
- eDIL Electronic Dictionary of the Irish Language <https://dil.ie/>.
- TAD Tobar an Dualchais <https://www.tobarandualchais.co.uk/>.

Prìomh-Thùsan

- MacDhòmhnaill, Iain. ‘Gille ann am bothan àirigh’, Làmh-sgrìobhainnean Chalum MhicGilleathain, Sgoil Eòlais na h-Alba, SSS NB 8: 719; CC: uk008-01-25 (1951).
- MacDhòmhnaill, Iain. ‘Shin iad ’ugat, bidh iad agat’, Làmh-sgrìobhainnean Chalum MhicGilleathain, Sgoil Eòlais na h-Alba, SSS NB 11: 1007; CC: uk011-01-25 (1953).
- MacDhòmhnaill, an t-Urr. Tormad. ‘Tha biodag aig MacThòmais’. Tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba, SA1956.54.B1; TAD: àireamh a’ chlàir 70431 (1956).
- MacGilleathain, Calum. ‘Uamha an Òir’, Làmh-sgrìobhainnean Chalum MhicGilleathain, Cnuasach Bhéaloideas Éireann, IFC MS 1026: 221–222; CC: ei1026–27–10 (1946).
- Martin, Mary. ‘Weaving and waulking in Harris’, Tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba, SA1968.120.4; *Tocher* 50 (1995): 5–25.
- NicGhilleathain, Peigi. ‘Séamas Obhar’. Làmh-sgrìobhainnean Chalum MhicGilleathain, Cnuasach Bhéaloideas Éireann, IFC MS 1027: 174–175; CC: ei1027–12-07 (1946).

Iar-Thùsan

- Black, Ronald. 'Colla Ciotach'. *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* XLVIII (1973): 201–243.
- Blankenhorn, Virginia. 'A New Approach to the Classification of Gaelic Song'. *Oral Tradition* 32/1 (2018): 71–140.
- Bruford, Alan, and Virginia Blankenhorn. 'Gaelic Songs'. *Folk Review* 8 (March 1979): 8–14.
- Buidse, An t-Urr. Dòmhnall. 'Beathag Mhòr, Bana Bhàrd Sgiathanach'. *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 48 (1973): 371–81.
- Campbell, John Lorne, and Francis Collinson. 'The Meaningless Refrain-Syllables and Their Significance'. In *Hebridean Folksongs 1: A Collection of Waulking Songs*, deas. John Lorne Campbell, Francis Collinson and Fr Allan McDonald, 227–37. Oxford: Clarendon Press, 1969.
- Campbell, John Lorne, and Francis Collinson. *Hebridean Folksongs 3: Waulking Songs from Vatersay, Barra, Eriskay, South Uist and Benbecula*. Oxford: Clarendon Press, 1981.
- Freeman, A. Martin. 'An Irish Concert'. *Journal of the Folksong Society* 6/23 (1920): xxi–xxvii.
- Grant, J. P. 'Canntaireachd: The Old Pipers' Notation for Pibroch Music'. *Music & Letters* 6/1 (1925): 54–63. <http://www.jstor.org/stable/726614>.
- Harris-Logan, Stuart A. 'Nuair a Bha Gàidhlig Aig Na h-Eòin: An Investigation into the Art and Artifice of Avifaunal Mimesis as a Mode of Artistic Expression in Gaelic Oral Culture from the Seventeenth Century to the Present'. Tràchdas MPhil, Oilthigh Ghlaschu, 2007. <http://theses.gla.ac.uk/741/>.
- Hughes, David W. 'No Nonsense: The Logic and Power of Acoustic-Iconic Mnemonic Systems'. *British Journal of Ethnomusicology* (2000): 93–20.
- Lamb, William. 'Grafting Culture: On the Development and Diffusion of the Strathspey in Scottish Music'. *Scottish Studies* 37 (2014): 94–104.
- Lamb, William. *Dhannsadh Gun Dannsadh: Dance-Songs of the Scottish Gaels*. Leabhran CD. Scottish Tradition Series, Greentrax CDTRAX 9028 (2019).
- MacBain, Alexander. *An Etymological Dictionary of the Gaelic Language*. Revised edn. Stirling: Eneas MacKay, 1911.
- MacDonald, Allan. 'The Relationship between Pibroch and Gaelic Song: Its Implications on the Performance Style of the Pibroch Ùrlar'. Tràchdas MLitt, Oilthigh Dhùn Èideann, 1995. <http://www.cl.cam.ac.uk/~rja14/musicfiles/manuscripts/allanmacdonald/>.
- MacLeod, Norman. *Cuairtear Nan Gleann*. Leabhar 3. Glasgow: J. & P. Campbell, 1842–1843. <https://digital.nls.uk/rare-items-in-gaelic/archive/104187255>.
- Meyer, Julien. 'Typology and Acoustic Strategies of Whistled Languages: Phonetic Comparison and Perceptual Cues of Whistled Vowels'. *Journal of the International Phonetic Association* 38/1 (2008): 69–94.
- Nikolsky, Aleksey. "'Talking Jew's Harp" and Its Relation to Vowel Harmony as a Paradigm of Formative Influence of Music on Language'. Ann an *The Origins of Language Revisited: Differentiation from Music and the Emergence of Neurodiversity and Autism*, deas. Nobuo Masataka. Singapore: Springer Singapore, 2020.

- Sacks, Oliver. *Musicophilia: Tales of Music and the Brain*. Vintage, 2008.
- Scahill, Adrian. "Irish Traditional Music and the Seventeenth-Century." *Ann an Music, Ireland and the Seventeenth Century*, deas. Barra Boydell agus Kerry Houston, 40-61. Dublin: Four Courts Press, 2009.
- Shaw, John. 'Language, Music and Local Aesthetics: Views from Gaeldom and Beyond'. *Scottish Language* 11/12 (1992-93): 37-61.
- Shaw, Margaret Fay. *Folksongs and Folklore of South Uist*. 3rd ed. Aberdeen: Aberdeen University Press, 1986 [1955].
- Sinclair, Mark, William Lamb agus Beatrice Alex. 'Handwriting recognition for Scottish Gaelic'. *Ann am Proceedings of the 4th Celtic Language Technology Workshop within LREC2022*, edited by Theodorus Fransen, William Lamb and Delyth Prys. (Marseille: European Languages Resources Association, 2022). <https://aclanthology.org/2022.cltw-1.9/>.
- Stern, Theodore. 'Drum and Whistle "Languages": An Analysis of Speech Surrogates'. *American Anthropologist* 59/ 3 (1957): 487–506. <http://www.jstor.org/stable/665914>.
- Young, David. 'A Collection of Country Dances written for use of His Grace the Duke of Perth'. The Drummond Castle Manuscript. Drummond Castle, 1734.
- Uí Ógáin, Ríonach. 'Traditional Music and Irish Cultural History'. *Ann an Irish Musical Studies Vol. 3: Music and Irish Cultural History*, deas. Gerard Gillen agus Harry White, 77-100. Blackrock: Irish Academic Press Ltd, 1995.